

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



**\*Please scroll down for English Version\***

## BÒRD NA GÀIDHLIG A’ SIREADH LEASAICHE FOGHLAIM AGUS IONNSACHADH

26 An Lùnastal 2010

Tha Bòrd na Gàidhlig an diugh a’ foillseachadh sanasan airson dreuchd Leasaiche Foghlaim agus Ionnsachadh, dreuchd cho cudromach ‘sa tha ri fhaighinn ann am foghlam Gàidhlig. Bidh an neach a gheibh an dreuchd a’ stiùireadh poileasaidh foghlaim a’ Bhùird, a’ comhairleachadh an Riaghaltais agus ag obair còmhla ri ùghdarrasan ionadail agus buidhnean-lìbhrigidh eile airson amasan a’ Bhùird a thaobh foghlaim a choileanadh. Bidh an Leasaiche ùr a’ leantainn Rosemary Nic a’ Bhàird a dh’fhàg am Bòrd airson a dhol gu dreuchd eile aig Comhairle nan Leabhraichean. Thuirt Art MacCarraig, Cathraiche a’ Bhùird: “Tha an dreuchd seo fìor dheanamach agus aig cridhe ar clàr-obrach. Bidh an Leasaiche a’ stiùireadh sgioba foghlaim a chaidh a neartachadh bho chionn ghoirid ach an tèid againn air na cuir sinn romhainn fhèin ann an Ginealach Ùr na Gàidhlig a thoirt gu buil, eadar a bhith a’ treòrachadh agus a’ misneachadh phàrantan agus ag obair còmhla ri na buidhnean taobh-muigh a’ Bhùird a tha cho cudromach do choimhearsnachd na Gàidhlig. Tha foghlam san dachaigh, sa choimhearsnachd agus anns na sgoiltean feadh na dùthcha na phrìomh obair againn agus tha e cudromach gum faigh sinn neach a tha dealasach, dèanadach agus fìor eòlach air na cothroman agus dùbhlain a tha romhainn.” Gheibhear pasgan fiosrachaidh mun dreuchd bho Oifis a’ Bhùird ann an Inbhir Nis agus tha am fiosrachadh cuideachd air làrach-lìn a’ Bhùird [www.gaidhlig.org.uk](http://www.gaidhlig.org.uk). Feumar tagraidhean airson na h-obrach a chur chun Bhùird ro 1700, Dihaoine Sultain 17. Bidh an tuarastal eadar £43,736-52,595. Thèid agallamhan a chumail cho luath sa ghabhas. Ma tha tuilleadh fiosrachaidh a dhìth oirbh, cuiribh fios gu Cathraiche a’ Bhùird, Art MacCarraig [art@gaidhlig.org.uk](mailto:art@gaidhlig.org.uk) no 07702 674143. Faic cuideachd [www.gaidhlig.org.uk](http://www.gaidhlig.org.uk) A’ chrìoch Airson barrachd fiosrachaidh mu na th’anns an naidheachd seo, cuiribh fios gu Uisdean MacIllInnein air 0751 528 7040. Foillsichte: Diardaoin, Lùnastal 26, 2010

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



## **BÒRD NA GÀIDHLIG TO APPOINT HEAD OF EDUCATION AND LEARNING**

**26 August 2010**

Bòrd na Gàidhlig, the national language board, responsible for safeguarding the future of Gaelic has begun the process of appointing a new leader for its education and learning team.

The post holder will be responsible for the Bòrd's education policy, advising the Bòrd itself, Scottish Government and other education and learning providers such as local authorities on the Bòrd's aims and aspirations. The Bòrd is seeking to replace Rosemary Ward, who left earlier this summer to take up a post at Comhairle nan Leabhraichean, the Gaelic Books Council.

Arthur Cormack, the Bòrd's Cathraiche (Chair) said: "This is arguably the most important appointment in Gaelic education and we are seeking someone with drive and initiative who will deliver the Bòrd's aspirations and commitments detailed in our new Action Plan Ginealach Ùr na Gàidhlig. There is a great deal to be done in all sectors of Gaelic education and this is a key post in terms of our delivery. By providing the right level of parental support and opportunities for learning Gaelic in the community and by developing our skills base in schools we will be able to accelerate the rate at which learners will come to speak Gaelic. This is a challenging post which will be rewarding in many ways and we are confident we will find an individual with the right mix of skills, experience and enthusiasm."

An information pack detailing the job and the terms & Conditions is available from the Bòrd's office in Inverness, and on the website [www.gaidhlig.org.uk](http://www.gaidhlig.org.uk) Applications must be submitted to the Bòrd by 1700, Friday, September 17. The post is advertised on a salary scale of £43,736-52,595. Interviews will be held as soon as possible. Applicants wishing to discuss the post should contact the Bòrd's Cathraiche, Arthur Cormack [art@gaidhlig.org.uk](mailto:art@gaidhlig.org.uk) or 07702 674143.